## *Mairead Chaimbeul*

Nach fortanach fear chì le shùil
An tlachd tha ’n gnùis na h-ainnir
Tha tàmh an Uibhist ghorm nan stùc —
Tìr àghmhor ùire meala.

An t-eilean bòidheach muigh san iar
Far ’m miann leinn a bhith fantainn,
Far ’n cluinn sinn crònan a’ Chuain Shiair
Tighinn iargaltach gu cladach.

Tha a cuailean dualach, dùthchas bòidhch’,
Cur roinn na glòir’ ’na pearsa;
Tha sìth tha deilbheadh bunait gràis
A’ snàmh ’na dà shùil thlachdmhoir.

Bidh Sligh’ Chloinn Uisn’ air oidhche reòdht’
A’ dòrtadh dòchais pailt dhomh
’S a’ dealbhadh ìomhaigh na mnà òig’
Troimh dhuibhre neòil an airsneil.

Tha thu mar shoillseadh coinneil òir
Cur loinn air bòrd a’ chaisteil,
A’ lìonadh aitreabh mhór nan seud
Le fonn air ghleusadh aiteis.

Se còmhradh ciùin o d’ ghrinn ròs-bheul
A stiùireadh creuchdan fad bhuam
Mar shéist a’ chiùil tha siùbhlach réidh —
S tu iùl Deò-Ghréin’ ’na taisbean.

Tha sunnd ’nad shaltairt air a’ bhlàr
’S bidh fonn air sràid ’nad chascheum;
Tha furan taisgte riut o d’ thùs
Mar ghàrradh fhlùr ùr-dhathte.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9